Candidate 6 evidence

Stimulus: An t-ionnsachadh òg, an t-ionnsachadh boidheach. Discuss

Context chosen	Please tick
Society	
Learning	✔
Employability	
Culture	

Assignment-writing stimulus:

An t-ionnsachadh òg,
an t-ionnsachadh bòidheach.

Discuss.

Thòisich mi ag ionnsachadh Gàidhlig muair a thòisich mo mhac a dhol gu bun-sgoil Ghàidhlig. B' e mu seachd bliadhna air ais a bh' ann.

Cha rodh fios agam mu cànan Gàidhlig nuair thànig mi a Alba. Aig an àm sin, bha mi a' coimhead às deidh bun-sgoil math airson mo mhac. Bha i anns a bhaile againn, ach b' i glè ùr agus cha rodh mòran sgoilearan ann. A bharrachd air an sin, cha robh ann ach Breatannach. Bha mi ag airraidh gum biodh mo mhac ann an sgoil le iomadh sgoilearan eadar-nàiseanta. Mar sin thoisich mi sgoil eile a rannsachaidh.

B' abhaist do mo mhac dol a sgoil lapanaich gach Disathaine. Dh'fhaighnich mi pàrantan eile dè bhiodh iad a' dèanamh mu fhoghlam airson na cloinne. Thuirt aon de na pàrantan gu bheil na clann aige a' dol gu bun-sgoil Ghàidhlig ann an Dùn Èideann. Tha cuimhne agam nach rodh fios agam dè bha Gàidhlig. Às dèidh bruidhinn ris, chuir mi romham gun tadhal sinn air an sgoil. Choinnich sinn an cheannard, bhruidhinn sinn rithe. Bha an sgoil nas motha na sgoil anns a bhaile againn. Bha i glè eadar-nàiseanta cuideachd. Chòrdadh i rinn gu mòr. Mar sin thòisich mo mhac a dhol a bun-sgoil Ghàidhlig. Agus ma tha e ann am foghlam Gàidhlig, tha agam ris an cànan ag ionnsachadh an chum taic a thoirt dha mo mhac. S' e sin ciamar bha sinn an sàs ann an an t-saoghal Gàidhlig.

Thagh sinn an sgoil math, biodh mi ag ràdh. S' urrainn do mo mhac Gàidhlig, Beurla agus lapanais a bruidhinn a-nis. Tha e nas fhasa cànan sam bith ag ionnsachadh nuair tha thu òg, nam bheachd-sa. Ged a thôisich mise agus mo mhac Gàidhlig ag ionnsachadh aig an aon àm, s' urrainn dha ga bruidhinn nas fheàrr na mise.